

Dùn Phris is Gall-Ghàidhealaibh Plana na Comhairle 2023 – 2028



Clàr-innse

Ro-ràdh	3
Lèirsinn	4
Ar Roinn	5
Prionsabalan a' Phlana	7
Cùisean	9
Lìbhreagadh Plana na Comhairle	22
Goirsean	23
Uàrdan Dhùn Phris is Ghall-Ghàidhealaibh	25
Plana na Comhairle air aon duilleag	26

Ro-ràdh

Cuiridh Plana na Comhairle 2023–2028 a-mach an lèirsinn agus na builean ro-innleachdail a bu mhiann a' Chomhairle a choileanadh thairis air an ath chòig bliadhna. Bidh e a' stiùireadh ghnìomhan thar na Comhairle agus a' cur fòcas air mar a libhreagamaid builean nas fhèarr do shaoranaich agus coimhearsnachdan ann an Dùn Phris is Gall-Ghàidhealaibh.

Lìbhrig am plana roimhe seo 2017–2022 air grunn phrìomhachasan cudromach na rinn a' Chomhairle mar a leanas:

- Lìbhrig sinn 1,140 uairean foghlaim agus cùram-cloinne tràth-bhladhnaichean do gach pàisde a tha 3 no 4 bliadhna dh'aois agus do phàisdean 2 bliadhna so-roghnaidh
- Thug sinn taic tron ghalar mòr-sgaoilte do choimhearsnachdan, gnothachasan agus daoine so-leònte tro thabhartasan agus a' cur prìobhachais air seirbheisean.
- Chumhachdaich sinn coimhearsnachdan ionadail tro ghuasadan maoineachaidh agus taic do choimhearsnachdan a stiùireas ath-ghineamhainn
- Dhaingneachaich sinn in-ionmhais fad-ùineach san roinn mar phàirt de Aonta Fàs In-ghabhalach Tìrean nan Crìochan
- Leasachaich sinn ro-innleachd compàirteachaidh agus Rèiteachadh òigridh, a chuir air dòigh a' chiad Chomhairle Òigridh againn, a tha a' toirt guth do dhaoine òga air fad na roinne

'S ann a' coimhead air adhart an dèidh dùbhain nam beagan bhliadhnaichean a dh'fhalbh 's a tha ar plana, agus thàinig coimhearsnachdan ionadail ri chèile agus iad gan cuideachadh tron ghalar mòr-sgaoilte. Tha dùbhlain ùra air nochdadh on uair sin, àrdachadh chogaisean bith-beò do dhaoine agus teaghlaichean nam measg.

Tha cothroman ann dhan roinn againn anns na làithean ri teachd agus tha a' chomhairle dhealasach a taobh a bhith ag obair còmhla ri ar coimhearsnachdan agus com-pàirtichean gus dèanamh cinnteach gun tèid an toirt gu buil.

Cuidichidh ar Comhairle Dhùn Phris is Ghall-Ghàidhealaibh a bhith soirbheachail agus togaidh sinn eaconamaidh ionadail làidir a nì comasach gum fàs an roinn agus cruthaichidh sinn cothroman do ghothachasan a thaobh in-ionmhais, do luchd-cèilidh agus gus ar saoranaich agus coimhearsnachd an cuid ghlòir-mhiannan a ruigsinn.

'S ann air seata bunaitheach de **phrionnsabalan** 's a tha am plana stèidhichte: dìon ar n-àm ri teachd, taic do ar saoranaich agus a bith nar Comhairle so-fhreagrach. Bheir na prionnsabalan seo cumadh air mar a libhrigeamaid na ceithir cùisean againn: **eaconamaidh; siubhal, comas ceangail agus bun-structar, foghlam agus ionnsachadh; slàinte agus sunnd.**

Lèirsinn- 2028

'S e ar glòir-mhiann a bhith nar **roinn shoirbheachail**, còmhla ri **eaconamaidh a tha a' fàs**, stèidhichte air **cothromachd, cothroman** agus **seirbheisean poblach de chàileachd**, far a bheil saoranaich soirbheachail. Ag obair ann an com-pàirteachas le coimhearsanachdan **co-cheangailte, fallain** agus **seasmhach**.

Bidh an roinn **an t-àite nàdarra ri fuireach ann, obair tadhal agus tasgadh**.

Ar Roinn

'S e na daoine a tha a' fuireach ann 's a bheir cumadh air Dùn Phris is Gall-Ghàidhealaibh. 'S iad seo fuil-bheatha aice agus tha iad a' nochadh eachdraidh, dualchas agus cultar na roinne.

Tha ar sluagh sgaoilte thairis air àiteachan dùthchail còmhla ri oirthir a thèid bho Loch Rìoghaine agus Struth na Maoile seachad gu ruige Linne Shalmhaigh agus oirthir Cumbria ann an Sasainn.

Tha mu 70,000 dachaidhean ann

Tha sgìre Chomhairle Dhùn Phris is Ghall-Ghàidhealaibh 6,426km², agus 's e th'ann an treas sgìre chomhairle as motha ann an Alba.

Seo ar tuinneachaidhean as motha:

- Dùn Phris (48,000)
- An t-Sròn Reamhar (13,000)
- Anainn (9,080)

Tha dùil ann gun tèid àireamhan-sluaigh sìos mar a leanas:

- 2021: 148,790
- 2028: 144,575
- Atharrachadh 2021 - 2028: -2.83%
- 26.3%: a tha 65 no nas aosda
- Aois: 'S e th'ann 46 an aois chuibheasach (RA 40, Alba 42)
- 24.1%: a tha 24 no nas òige

Prionnabalan: a' lìbhrigeadh nam builean

'S e th'ann na prionnabalan seo mar a libhigeamaid builean a' phlana seo

Dìon an t-àm ri teachd againn

Dèiligeadh ri èiginn na gnàth-shìde: A' freagairt gu h-èiginneach gu atharrachadh na gnàth-shìde agus a' gluasad gu bhith nar roinn carbon neodrach.

Dìon ar capla nàdarra: A' dìon agus a' meudachadh capla nàdarra nar roinne agus àrainnean tro ghlèidhteachas agus leasachadh seasmhach.

A' toirt taic dha ar saonarach

A' cur luchd-cleachdaidh aig cridhe sheirbheisean: A' toirt seachad sheirbheisean cùramach agus earbsach a choileanas ìrean àrda ann an cùram neach-cleachdaidh.

A' dèiligeadh ri eas-aontarachdan: A' measadh buaidh nan atharrachaidhean gus dèanamh cinnteach gum bi in-ghabhailteas is ruigsinneachd ann is a' comharrachadh iomadachd agus a' daingneachadh buannachdan sòisealta nan atharrachaidhean.

A' toirt taic dhan fheadhainn as so-leònte agus ann an fheum: Ag amas air buaidh mhath fhaighinn dhan fheadhainn as so-leònte, daoine ann an fheum agus iad a tha fo ana-cothrom.

A' tairginn sheirbheisean didseatach: A' gabhail ri cothroman agus comasachdan theicneòlasan didseatach gus builean a leasachadh do shaoranich agus luchd-obrach.

Prionnabalan: a' lìbhrigeadh nam builean (leantainn)

A' toirt taic dha na coimhearsnachdan againn

A' toirt cumhachd do choimhearsnachdan agus daoine fa-leth: A' toirt taic do luchd-cleachdaidh, coimhearsnachdan agus luchd-obrach, a' togail sgilean agus misneachd gus leigeil le daoine agus coimhearsnachdan an cuid àrd-amasan a choileanadh.

A dèanamh fòcas air cuspairean ionadail agus àiteachan: A' cleachdadh àiteachan, uàrdan agus buidhnean-sgoile mar bhunait planaidh iondail agus lìbhrigeadh; agus a' gabhail ri cruthachalachd agus ath-leumachd nan àiteachan agus daoine againn.

Ag obair ann an com-pàirteachas: A' dèanamh cinnteach gun coileanaich lìbhrigeadh sheirbheisean, ag obair còmhla ri coimhearsnachdan agus com-pàirtichean ionadail, roinneil agus nàiseanta.

A' tasgadh gus atharrachaidhean a chomasachadh: A' bronachadh tàladh in-thasgaidh gus amasan choimhearsnachdan agus daoine ionadail a lìbhrigeadh.

Nar Comhairle Co-fhreagrach

A' conaltradh gu fosgailte: A' roinneadh smuaintean agus a' toirt cuireadh gus pàirt a ghabhail ann an co-dhùnaidhean.

A' cumail suas ionmhas seasmhach: A' cothromachadh chogaisean agus teachd a-steach ri dhèanamh cinnteach gum bidh ionmhas seasmhach ann san fhad-ùine agus gum bi buidseatan air an cosg air Plana na Comhairle a choileanadh.

A bhith eagraichte ri lìbhrigeadh: A' bhith cruthachail agus co-fhreagrach, a' cur sheirbheisean agus luchd-obrach air dòigh, gus dèanamh cinnteach gun lìbhrig sinn builean ro-innleachdail Plana na Comhairle.

A' cumail suas ìrean àrda: A' dèanamh cinnteach gun bi so-lèirsinneachd ann an co-dhùnaidhean agus gun dèiligeamaid ri daoine eile le caoimhneas agus spèis.

A' dèanamh an fheum as fhèarr le goireasan: A' dèanamh cinnteach gum bi deagh riaghlachas agus rianachd ghoireasan èifeachdach ann, còmhla ri fòcas air leasachadh, gus na builean as fhèarr a lìbhrigeadh do dhaoine ionadail.

Cùisean

Th ceithir cùisean sa phlana, le builean ro-innleachdail aig gach fear – ‘s e na tha A’ Chomhairle ag amas ri choileanadh fad na còig bliadhna ri teachd.

Seo na cùisean:



Eaconamaidh



Siubhal, Comas Ceangail agus Bun-structar



Foghlam agus Ionnsachadh



Slàinte agus Sunnd



Eaconamaidh

Tha Dùn Phris is Gall-Ghàidhealaibh ag amas air a bhith na sgìre tharraingeach do ghnìomhachas le bhith a' cuideachadh gnothachasan ùra agus gnàthaichte soirbheachadh – uile stèidhichte air fàs in-ghabhalach¹

Feumar eaconamaidh làidir gus am bi cothroman aig ar saoranaich air trèanadh agus obraichean de dh'àrd-inbhe le tuarastal math.

Tha a' Chomhairle na prìomh chom-pàirtiche ann an Com-pàirteachas Eaconamach Ceann a Deas na h-Alba – fòram a tha a' toirt còmhla raon farsaing de dh'eòlas agus a bhios a' stiùireadh eaconamaidh Ceann a Deas na h-Alba. Tha e air lèirsinn dàna a dhealbhadh gus am bi Ceann a Deas na h-Alba uaine, cothromach agus soirbheachail ro 2031.

Còmhla ri com-pàirtichean, feuchaidh a' Chomhairle cothroman agus nuadhas a bhrosnachadh – gus an tig na leanas gu bith mar thoradh air calpa nàdarra na sgìre: fàs uaine; àrd-amasan agus dòighean beatha a bhios co-dhiù aig ìre cho àrd ri àite sam bith san RA; cumhachd aig gach coimhearsnachd; agus luach is spèis gan cur air dearbh-aithne chultarach is dualchas ionadail.

Bheir seo cothroman soirbheachaidh do dhaoine agus thèid ginealach ùr a thàladh gu

fuireach, gu obair, gu tadhal, gu ionnsachadh agus gus airgead a thasgadh ann an Ceann a Deas na h-Alba.

¹ Tha fàs in-ghabhalach a' ciallachadh fàs eaconamach a chruthaicheas cothroman cosnaidh agus a chuidicheas le bhith a' lughdachadh bochdainn.

Builean Ro-innleachdail

- Tha eug-samhlachd agus fàs anns an eaconamaidh ionadail, a bheir buannachdan dha na h-uile.
- Tha àireamh ar luchd-obrach agus an stòras sgilean aca a' fàs.
- Tha coimhearsnachdan agus àiteachan dùthchail beòthail agus soirbheachail.
- A' leasachadh calpa nàdarra na sgìre a' toirt buannachdan do choimhearsnachdan agus do ghnìomhachasan ionadail.
- Taic ga toirt do ghnìomhachasan gus tòiseachadh agus fàs.
- Coimhearsnachdan agus an eaconamaidh ionadail a' faighinn buannachdan air sgàth thasgadh airgid san sgìre.

98.8%	gothachasan na roinne a tha mion neo beag agus iad a' cosnadh eadar 0 agus 49 luchd-cosnaidh
3.9%	ìre cion-cosnaidh na roinne
8.8%	àireamh-shulaigh aois-obrach na roinne le NVQ Ìre 1 no nas àirde
420	gnothachasan ùra san roinn fad 2022
£563,60	tuarastal iomlan cuibhseach seachdainneil (a-measg an fheadhainn as ìsle ann ann Alba)

Àireamhan nan 5 Gnìomhachasan nas motha a thaobh cosnaidh



15.94%

Slàinte
dhaonna agus
gnìomhachasan
Obair Shòisealta



13.77%

Malairt mòr
agus mion-
reic : càradh
charbadan



13.9%

Àiteachas ABDE,
mèinnearachd,
dealan, gas,
uisge agus
sgudal



8.70%

Obair-deànaimh



7.25%

Àiteachan-fuirich
agus seirbheisean
bìdhe

Tha A' Chomhairle na com-pàirtiche ann an Com-pàirticheachas Roinneil Eaconamach Alba a Deas



Siubhal, Comas Ceangail agus Bun-structar

Bidh A' Chomhairle a' toirt taic do thasgadh ann am bun-structar a fheumar gus ceanglaichean agus siubhal gnìomhach a leasachadh, daoine a chuideachadh ri fhaighinn na dh' fheumas iad sa choimhearsnachd aca, beòthalachd a thoirt do dh' àiteachan, agus daoine a thàladh ri fuireach ann, obair, thadhal agus a thasgadh anns na bailtean againne.

builean ro-innleachdail

- Rathaidhean, slighichean, lìonraidhean baighseagail agus coiseachd san roinn air an leasachadh
- Coimhearsnachdan air an dìon bho bhuidh thuiltean
- Siubhal seasmhach san roinn a' cur ri nèoini lom²
- Tha A' Chomhairle na bhuidheann carbon ìosal
- Tha cothrom aig daoine seirbheisean a tha ùr-nòsach, èifeachdach agus co-fhreagrach fhaighinn
- Comas ceangail didseatach a bheir taic do choimhearsnachdan dhùthchail, shoirbheasach

² nèoini lom – uair nach bi an uiread charbon a chuireamaid san àille nas motha na an uiread a bheireamaid air falbh.

Rangachd Siubhail Seasmhach

Coiseachd agus Cuibhleachadh



Rothaireachd



Còmhdhail phoblach



Tacsaidhean agus còmhdhail cho-roinnte



Càr Prìobhaideach





4,201 km

de rathaidean – an treas lìonra rathaid as motha de dh'ùghdarras ionadail sam bith ann an Alba



24

Ionadan Seibheis Luchd-cleachdaidh air feadh na roinne



4.8 millean

tursan air an lìonra bus againn (2019 – Ro-Chovid)



de charabadan na Comhairle dealain



àiteachan luchdaidh dealain air feadh na roinne



de dhachaidhean fhaighinn bann-leathann fìor luath



30%

de shaoranaich a' fuireach co-dhiù 30 mionaid air falbh bho choimhearsnachd nas motha anns a' chàr

Foghlam agus Ionnsachadh

leasachaidh A' Chomhairle cothroman foghlaim agus ionnsachadh ri gach uile pàiste, duine òg agus saoranach a chuideachadh gus an comas a choileanadh. Bidh seo a' toiseachadh ann am foghlam ro-sgoile, an uair sin san sgoil, ron a thèid iad gu foghlam adhartach no àrd-ìre air neo eadar-glusad dhan àite obrach.

Bidh sinn ag obair còmhla ri ar cuid chom-pàirtichean gus cothroman ionnsachadh fad beatha a chruthachadh agus a bhrosnachadh gus am faigh a h-uile duine san roinn beatha bhrìghmhor chiomhlionta, agus gun cur iad ris a' choimhearsnachd aca.

Builean Ro-innleachdail

- Bidh àiteachan ionnsachaidh in-ghabhaltach seasmhach agus gun coileanaich iad feumalachdan choimhearsnachdan
- Bheir sinn ceartas do gach pàiste
- Eadar-glusad soirbheachail tro gach ìre na beatha do chloinn, daoine òga agus inbhich
- Bidh daoine òga agus inbhich soirbheachail leis na tha iad airson a choileanadh
- 'S ann mar phàirt ionnsachaidh tràth agus fad beatha 's a th' ann compàirteachadh ann an cruthachalchd agus cluiche
- 'S urrainn do dhaoine ionadail an cuid sgilean agus misneachd a thogail



16

àrd-sgoiltean



19,000

sgoilearan bun agus àrd-sgoil



Thug sinn taic do 709 preantasachdan ùr-nòsach ùra bho 1 an Gilean 2021 gu 31 am Màrt 2022. Bha 49.1% nam fastaidhean ùra san sgìre ionadail eadar 16-24



97

bun-sgoiltean



2,000

pàistean anns na tràth bliadhnaichean agus cùram cloinne



94.6%

de luchd-fàgail sgoile a' dol do chinn-uidhe deimhinneach³



117

sgoiltean-àraich

45 ùghdarras ionadail
36 prìobhaideach saor-thoileach no neo-eisimeileach
36 luchd-cùraim cloinne



10,485

Inbhich an sàs ann an gnìomhan foghlaim fad Beatha



18

An uiread ghoirean neo-sgoile a' toirt seachad ionnsachadh do dh'inbhich



550

Clasaichean air loidhne/didseatach do luchd-ionnsachaidh inbheach gach bliadhna

³ Tha cinn-uidhe deimhinneach a' toirt a-steach foghlam àrd-ìre, foghlam adhartach, trèanadh, obair shaor-thoileach, cosnadh, còrdaidhean gnìomha.

Slàinte agus Sunnd

'S e ròl cudromach dhan Chomhairle a bhith a' toirt cumhachd do dhaoine ionadail beathannan neo-eisimeileach, sona agus fallain a leanntainn. Tha sinn cuideachd ag obair còmhla ri com-pàirtichean gus dèanamh cinnteach gun urrainn do dhaoine ionadail dachannan àrd-chàileachd air prìsean reusanta faighinn, a cuidicheas le an cuid sunnd.

Bidh ìrean àrda slàinte agus sunnd a' cur am meud dùil-aoise, a' lughdachadh buaidh ghalaran agus a' brosnachadh bhuilean deimhinneach do chloinn, daoine òga agus inbhich.


Ma thogas sinn ath-leumachd faodaidh sinn casg a chur air duilgheadasan ron a dh'èireas iad. Ma nì sinn eadar-teachd tràth, bheir sinn taic do dhaoine torraidhean as fhèarr a ruigsinn.

'S ann aig cridhe a h-uile càil a nì A' Chomhairle 's a tha daoine agus coimhearsnachdan. 'S ann deatamach 's a tha a bith ag obair còmhla ri com-pàirtichean – an NHS agus an Com-pàirticheas Slàinte agus Cùram Sòisealta Ionadail - ma tha sinn airson ar coimhearsnachdan a chuideachadh ri seirbheisean slàinte faighinn, a rèir am feumalachdan.

Leanaidh sinn oirinne a' brosnachadh deagh shlàinte fhiosaigach agus inntinn, sunnd agus comas a thoirt dhan fheadhainn a dh' fheumas cùram sòisealta beathannan neo-eisimeileach agus choimhlionta a leanntainn.

Builean ro-innleachdail

- Casg agus eadar-theachd tràth a bheir cobhair do dhaoine beathannan neo-eisimeileach a leanntainn
- Thathar a' faighinn taic pearsanta agus cùram a chuidicheas ri daoine a chumail sàbhailte
- Tha daoine gnìomhach, fulangach agus a' leasachadh an cuid slàinte agus sunnd
- Thathar a' toirt cuideachadh gus dèiligeadh ri adhbharan agus buaidh bhochdainn, neo-ionnannachd agus àrdachadh ann an cogaisean bith-bheò
- Tha daoine a' faighinn thaighean àrd-chàileachd aig prìsean reusanta a bheir taic dhan neo-eisimeileachd, soirbheachas agus sunnd aca



69% nan inbheach agus **58.8%** nam pàistean ann an Dùn Phris agus Gall-Ghàidhealaibh a' ruigsinn stiùiridhean ghnìomhachd chorpóra

Dùil-aoise


Dùn Phris agus Gall-Ghàidhealaibh

81.1

boireann bliadhnaichean

77.4

fireann bliadhnaichean



Alba

80.8

Boireann bliadhnaichean

76.5

fireann bliadhnaichean



83,603

Fiosan fòn dha na seirbheisean taic againn



13

Goireasan Cur-seachad na Comhairle



3,600

neach fa leth a chumas sinn sàbhailte anns na dachannan aca tro chleachdadh theicneòlais



4,405

clann a' faighinn bìdh sgoile saor an-asgaidh



4,034

sgoilearan a' faighinn tabhartasan aodaich-sgoile

17

Goireasan Cultarail na Comhairle
(dgculture.co.uk)



24

Leabharlainn na Comhairle



2,250,000

uairean ann an dachannan cùraim air an toirt seachad an-uiridh

The Scottish WELFARE FUND

6,337 duine a dh'iarr taic de **£1,479** muillean ann an 21/22



4,549

Inbhich agus clann a thuir gu robh adhartas ann an slàinte inntinne agus sunnd tro ghnìomhan Ionnsachadh fad Beatha na Comhairle

4 Stiùiridhean ghnìomhachd chorpóra inbheach: co-dhiù 150 mionaid de ghnìomhachd chuibhseach no 75 mionaid de ghnìomhachd làidir no deagh mheasgachadh na dhà gach seachdainn
5 Stiùiridhean ghnìomhachd chorpóra cloinne: feumaidh gun dèan pàistean ann an cuibheas de cho-dhiù 60 mionaid de MVPA gach latha, agus gun lùghdaich an ùine suidhichte

Lìbhrigeadh Plana na Comhairle

'S ann a' dealbhadh nan cùisean agus builean ro-innleachdail a tha sinn ag amas air coileanadh eadar 2012 agus 2028 's a tha Plana na Comhairle.

Cruthaichidh A' Chomhairle plana-gnìomha, aig toiseach toisichidh gach uile bliadhna bliadhna-iomhais.

Cuiridh e a-mach mar a tha A' Chomhairle an dùil na builean ro-innleachdail aice a bhuidhinn sa bhliadhna sin agus nì i sgrùdadh air a cuid choileanaidh thairis air an 12 mhìos a dh'falbh.

Thèid am plana-gnìomha dh'fhoillseachadh air làrach-lìn na Comhairle.

Goireasan | Maoineachadh

Càite a bheil A' Chomhairle a' cosg a cuid airgid?

'S e £425M 's a th' ann buidseat teachd a-steach lom na Comhairle airson 2022/23. Thèid am buidseat riarachadh an aghaidh nam prìomh raointean libhrigeadh seirbheis mar a leanas:

Foghlam agus
lonnsachadh
£155M
(36.5%)



Seirbheisean Obrach
Shòisealta
£277M
(6.4%)
Clann, teaghlaichean agus
ceartas eucoirich



Co-bhòrd
Amalachaidh
£99M
(23.3%)



Seirbheisean
Coimhearsanachd
£66M
(15.5%)



Eaconamaidh
agus
Goiseasan
£36M
(8.5%)



Bun-bhuidseat
na Comhairle
£42M
(9.8%)



Cò às an tig an t-airgead?

Tabhartas Taic Teachd
A-steach Riaghaltas
na h-Alba
£273.9M
(64.5%)



Teachd -steach bho
Chisean Chomhairle
£71.1M
(16.7%)



Tabhartasan Taic
Teachd A-steach
Air Fheansadh
£17.6M
(4.2%)



Reataichean
Gnothachais
£51.4M
(12.1%)



Maoineachadh
Cùraim Sòisealta
£10.4M
(2.4%)



Cleachdadh
Maoineachadh neo-
ath-chuairteachaidh
£0.6M
(0.1%)




Cuideaman ionmhais

Ìrean na h-atmhorachd air leth thar connadh, biadh agus tuarastail


6 Bidh an IJB a' coimiseanachadh sheirbheisean on Chomhairle agus an NHS, a bheir ùghdarras air plannadh agus libhrigeadh dhan Chom-pàirteachas Slàinte agus Cùram Sòisealta air sreath de sheirbheisean slàinte agus cùram sòisealta do dh'inbhich.

Goireasan | Daoine


Air 1 an Giblean 2022, bha 6,475 duine gam fastadh thar sreath farsainng de sheirbheisean. Tha luchd-obrach A' Chomhairle a' gabhail a-steach:



làn-ùine



pàirt-ùine



maireannach



terim-shuidhichte

Tha ar n-Innleachd Dhaoine a' mìneachadh nan dòighean-giulàin bunaitich againn, a nì cinnteach gum bi co-obraichean ag obair còmhla gus an roinn seo a dhèanamh an t-àite nàdarra ri fuireach ann, obair, tadhal agus tasgadh, thar an sreath de sheirbheisean a libhrigeas Comhairle Dhùn Phris is Gall-Ghàidhealaibh.

'S e th'ann na dòighean-giulàin bunaitich againne:


- Neartachadh - ar coimhearsnachdan
- Tuigsinn – feumalachdan nar cloinne
- Dìon – ar daoine so-leònte
- Fosgailte agus follaiseach – daonnan
- Measail – air ar n-àrainnechd
- Dèiligeadh – ri chèile le caoimhneas





Port Spòrail na Sròine Reamhra

An t-Sròn Reamhar agus na Rannaibh



Traighean Luis

Meadhan Gall-Ghàidhealaibh agus Baile na h-Ùige an Iar




Cala Chille Chuihbeirt

Dè agus An Gleann Cain



Caisteal Threabh

Caisteal Dhùghlais agus Ath Crogaid



Taigh-solais Southernness

Abaid



Ionad Raibearn Burns

Iar-Thuatha Dhùn Phris



Multiverse Iomadh Cruinne-cè ann an Crawick

Meadhan agus Bràigh Srath Nid



Coille Ae/7 Stanes

Lochar




Fèis Guid Nychburris ann an Dùn Phris

Nid



Brochan an Diabhail

Srath Annan a Deas



Caisteal Loch Mhabain


Srath Annan a Tuath



Marcachd Choitcheann Langaim

Srath Annan an Ear agus Eskdalemuir

Uàrdan Dhùn Phris is Gall-Ghàidhealaibh



Plana na Comhairle air aon Duilleag

LÈIRSINN: 'S e ar glòir-mhiann a bhith nar **roinn shoirbheachail**, le **eaconamaidh a' fàs**, stèidhichte air **ceartas, cothroman** agus **seirbheisean poblach de chàileachd**, far a shoirbhicheas a h-uile saoranach. Ag obair ann an com-pàirteachas, le **coimhearsnachdan co-cheangailte, fallain** agus **seasmhach**.

Bidh an roinn **an t-àite nàdarra ri fuireach ann, obair, tadhal agus tasgadh**.

Prionnsabalan

Dìon ar àm ri teachd	Taic do ar saoranaich	Taic do ar coimhearsnachdan	Comhairle fhreagaireach
<ul style="list-style-type: none"> Dèiligeadh ri èiginn na gnàth-shìde Dìon ar calpa nàdarra 	<ul style="list-style-type: none"> Cur luchd-cleachdaidh aig cridhe seirbheisean Taic do dhaoine nas so-leònte Dèiligeadh ri neo-ionannachdan Tairgseadh seirbheisean didseatach 	<ul style="list-style-type: none"> Cumhachdachadh choimhearsnachdan agus daoine fa leth Obair ann an com-pàirteachas Fòcas air àiteachan ionadail Tasgladh gus atharrachadh a dhèanamh comasach 	<ul style="list-style-type: none"> Conaltradh fosgailte Cum ìrean àrda Cum maoinachadh seasmhach Dèanamh an fheum as fhèarr de ghoireasan Eagraichte ri libhrigeadh

Cùisean agus Builean Ro-innleachdail

Eaconamaidh	Siubhal, Comas Ceangail agus Bun-structar	Foghlam agus Ionnsachadh	Slàinte agus Sunnd
<ul style="list-style-type: none"> Tha eaconamaidh ionadail, fàs-mhor, eugsamhail ann, a tha buannachdail dhan a h-uile duine The ar luchd-obrach agus am bunait sgilean a' fàs Tha coimhearsnachdan agus àiteachan dùthchail beothail agus soirbheachail Bheir leasachadh calpa nàdarra na roinne buannachdan do choimhearsnachdan agus gothaichean Thathar a' toirt taic do gnothaichean ri thoiseachadh agus fàs Tha tasgladh san roinn a' toirt bhuanachdan dhan eaconamaidh ionadail 	<ul style="list-style-type: none"> Rathaidean, slighichean, lìonraidhean rothaireachd agus coiseachd san roinn air an leasachadh Thathar a' dìon choimhearsnachdan bho bhuidh thuiltean Siubhal seasmhach san roinn a' cur ri neòini lom 'S e buidheann charbon ìosail s' a th'anns A' Chomhairle Tha cothrom aig daoine seirbheisean ùr-nòsach, èifeachdach agus freagarrach Bheir comas ceangail didseatach taic do choimhearsnachdan dùthchail soirbheachail 	<ul style="list-style-type: none"> Tha àiteachan ionnsachaidh inghabhaltach, seasmhach agus a choileanas feumalachdan choimhearsnachdan ionadail Gabhaidh sinn ri GIRFEC Nì clann, daoine òga agus inbhich eadar-glusad soirbheachail tro gach ìre na beatha Tha daoine òga agus inbhich soirbheachail leis na thogras iad choileanadh 'S e pàirt eòlasan ionnsachaidh tràth agus fad beatha 's a th'ann pàirticheas ann an cluiche agus cruthachal Faodaidh daoine ionadail an cuid gilean gus misneachd a thogail 	<ul style="list-style-type: none"> Cuidichidh bacadh agus eadar-theachd tràth daoine beathannan neo-eisimeileach a leantainn 'S e faighinn taic agus cùram pearsanta a chumas daoine sàbhailte Tha daoine gnìomhach, fulangach agus a' leasachadh an cuid shlàinte agus sunnd Thathar a' toirt seachad taic gus dèiligeadh ri adhbharan agus buaidh bhochdainn, neo-ionnanchd agus àrdachadh ann an cosgaisean bith-beò Tha daoine a' faighinn taighean àrd-chàileachd a bheir taic do an cuid neo-eisimeileachd, sealbhachas agus sunnd